

01 Dàmhair 2024

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Anns an Lùnastal 2023, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh litir mu Bhun-sgoil is Sgoil-àraich Srath na h-Apainne. Mhìnich an litir grunn raointean leasachaidh a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. O chionn ghoirid, mar 's dòcha gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus luchd-obrach eile mu na ceumannan a tha an sgoil air gabhail gus leasachadh. Thug sinn sùil air raointean sònraichte a chaidh a comharrachadh sa chiad sgrùdadh. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air dèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' cumail taic ri ionnsachadh agus coileanadh chloinne. Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn.

Meudaich astar leasachaidh aig prìomh raointean san sgoil is san sgoil-àraich, stèidhichte air fèin-luachadh làidir. Bu chòir prìomh dhreuchdan a bhith aig luchd-ùidh, a' gabhail a-steach luchd-obrach, pàrantan/luchd-cùraim agus clann, a thaobh a bhith a' toirt air adhart leasachaidhean.

Air feadh na sgoile, tha an ceannard a' stiùireadh an luchd-obrach gu math gus adhartas nas soilleire a dhèanamh san raon leasachaidh seo. Bu chòir dhan cheannard agus dhan luchd-obrach cumail orra a' cuimseachadh air na beagan phrìomh raointean far am feumar coileanadh na cloinne àrdachadh. Tha an sgioba luchd-obrach air barrachd feum a dhèanamh de rèiteachaidhean airson a bhith a' luachadh an cuid cleachdaidh. Feumaidh iad cumail orra a' cleachdadh nan rèiteachaidhean sin gu cunbhalach gus barrachd buaidh a thoirt thar ùine.

Tha an ceannard air a bhith san dreuchd fad bliadhna. Tha deagh bheachd aig pàrantan/luchd-cùraim air dòigh-obrach dheimhinneach a' cheannaird. Tha clann agus pàrantan/luchd-cùraim a' faireachdainn gu bheil a' cumail conaltradh riutha mu chùisean a tha cudromach dhaibh. Air feadh na sgoile, tha àrd-stiùirichean, luchd-obrach, pàrantan/luchd-cùraim agus clann ag ùrachadh luachan agus amasan na sgoile. Bu chòir dhan sgioba luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil amasan na sgoile a' gabhail a-steach a h-uile rud a tha mar bhunait do bheatha agus obair na sgoile aca.

Tha an ceannard a' stèidheachadh dhòighean nas èifeachdaiche gus càileachd obair na sgoile air fad a sgrùdadh. Bidh luchd-obrach a' faighinn fios-air-ais feumail bhon cheannard gus an cleachdadh a leasachadh. Tha an ceannard air tòiseachadh air coinneachadh ri luchd-obrach gus faicinn cho math 's a thathar a' togail coileanadh na cloinne uile. Mar thoradh air na coinneamhan sin, chuir luchd-obrach taic gheàrr-ùine an sàs do chloinn. Tha an coileanadh aig a' mhòr-chuid de chloinn ann an litearrachd agus Beurla, agus ann an àireamhachd agus matamataig a' dol am feabhas. Tha beagan chloinne a' dol thairis air na h-ìrean coileanadh ris am biodh dùil aig an dàrna ìre den Churraicealam airson Sàr-mhathais (CfE). Tha luchd-obrach fhathast a' dùnadh bheàrran mòra ann an coileanadh chloinne ann an litearrachd agus Gàidhlig bho àm a' ghalair lèir-sgaoilte nuair a chaidh bacadh a chur air ionnsachadh na cloinne.

Air feadh na sgoile, tha an ceannard air cothrom a thoirt do thidsearan fa leth a-rithist gus ùine a thoirt seachad còmhla rithe a bheachdachadh air dè tha a' dol gu math san teagasg aca. Bidh iad cuideachd a' bruidhinn air an ionnsachadh phroifeiseanta a bhiodh feumail dhaibh. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean cumail orra a' dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh proifeasanta a' cumail taic ris an luchd-obrach uile ann a bhith a' toirt nam prìomhachasan uile airson leasachadh air adhart feadh na sgoile gu lèir.

Air feadh na sgoile, bidh clann a' gabhail pàirt ann am buidhnean do sgoilearan agus a' dèanamh atharrachaidhean follaiseach gus taic a chumail ri leasachadh. Bidh clann nas sine cuideachd a' stiùireadh chlubaichean airson an co-aoisean. Tha clann moiteil às na soirbheachasan aca. Bidh iad a' dèanamh deagh eadar-dhealachadh a thaobh leasachadh na sgoile.

San àm ri teachd, bu chòir do dh'àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil ùine aig luchd-obrach air feadh na sgoile gus na rèiteachaidhean ùra aca airson leasachadh a dhaingneachadh. Cuideachd, feumar aithneachadh gu bheil atharrachadh a' dol air adhart aig astar iomchaidh, le deagh dhàimhean obrach fhathast nam prìomhachas.

Meudaich foghlam làn-bhogaidh gus adhartas is fileantachd chloinne ann an Gàidhlig a neartachadh. Bu chòir seo buaidh a thoirt air càileachd is meud làn-bhogaidh is ionnsachadh tro chluich gus dùilean nàiseanta a choileanadh.

Tha an sgoil a' dèanamh adhartas math leis an raon leasachaidh seo aig ìrean na bun-sgoile airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir dhan cheannard agus dhan luchd-obrach cumail orra a' mìneachadh na thathar a' sùileachadh a thaobh làn-bhogaidh ann am poileasaidh a bhios air a chleachdadh gus càileachd cleachdaidh a luachadh. Bu chòir seo a bhith a' mìneachadh leasachaidhean a bharrachd a bhios sònraichte dhan sgoil.

Tha an ceannard agus an sgioba luchd-obrach air cur ris an ùine sam bi clann aig ìre na bun-sgoile ag ionnsachadh tron Ghàidhlig. Tha clann ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a' bruidhinn barrachd Gàidhlig sa chlas, gu neo-eisimeileach bhon tidsear. Tha iad a' tuigsinn nas fheàrr mar a tha seo a' toirt taic dhan fhileantachd aca.

Ann an suidheachaidhean làn-sgoile, tha an sgioba luchd-obrach ag obair gu cruaidh gus dèanamh cinnteach gum faicear agus gun cluinnear a' Ghàidhlig san sgoil. Chithear Gàidhlig ann an taisbeanaidhean balla. Bidh clann a' clàradh Gàidhlig air bogsaichean fuaim airson nan taisbeanaidhean seo. Bidh an luchd-obrach uile a' cleachdadh prìomh abairtean gach latha. Tha an sgioba luchd-obrach air Club Gàidhlig do Phàrantan a stèidheachadh. Bithear a' tabhann chothroman do phàrantan/luchd-cùraim na cloinne ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, agus dhan fheadhainn san aonad ro-chòig, gus Gàidhlig ionnsachadh.

Tha luchd-obrach san aonad ro-chòig air cur ri cothroman na cloinne gus Gàidhlig a chluinntinn agus ionnsachadh. Bidh clann fhathast a' faighinn leasan tron Ghàidhlig agus tron Bheurla gach seachdain bho thidsearan bun-sgoile. Bidh a' chlann as sine aig ìrean na bun-sgoile a' cuideachadh clann san aonad ro-chòig gus òrain ionnsachadh. Bidh iad a' leughadh sgeulachdan dhan chloinn nas òige. Bidh com-pàirtiche a' toirt seachad seiseanan leughaidh is seinn gach seachdain do chlann aig an ìre thràith. Bidh seo a' tachairt an dà chuid aig an sgoil agus gu didseatach. Gu didseatach, bidh clann a' dèanamh ceangal ri an càirdean ann an sgoiltean eile air feadh sgìre na comhairle. Mar thoradh air sin, tha beagan

chloinne san aonad ro-chòig a' freagairt stiùireadh sìmplidh sa Ghàidhlig. Tha beag-chuid den chloinn comasach air dathan agus àireamhan suas gu deich aithneachadh anns a' Ghàidhlig. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean cumail orra a' brosnachadh a' mheadhan ionnsachaidh as fheàrr le pàrantan/luchd-cùraim fhad 's a tha a' chlann aca a' tòiseachadh ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.

Meudaich planadh airson adhartas sa churraicealam gus an dèan clann adhartas nas treasa anns gach taobh de an cuid ionnsachaidh. Bu chòir tuilleadh chothroman a thoirt do chlann an cuid ionnsachaidh a chleachdadh gu neo-eisimeileach ann an suidheachaidhean brìghmhor is buntainneach.

Air feadh na sgoile, tha luchd-obrach a' dèanamh adhartas leis a' phrìomhachas seo. Tha an ceannard air cunntas a sgrìobhadh air a' churraicealam gus mìneachadh na tha sònraichte mu ionnsachadh na cloinne. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha an ceannard air conaltradh fìor mhath a dhèanamh leis a' chloinn, luchd-obrach, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean. Tha luchd-obrach a' planadh nas fheàrr gus sealltainn cò ris a tha adhartas coltach thar a' churraicealam. San àm ri teachd, bu chòir do luchd-obrach barrachd mheasaidhean de dh'àrd-chàileachd a phlanadh. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach na dh'ionnsaicheas clann agus mar a bhios fios aca gu bheil iad air a bhith soirbheachail.

Air feadh na sgoile, tha guth làidir aig clann ann a bhith a' planadh an cuid ionnsachaidh tro cho-fharpais, tursan, pròiseactan agus cuspairean. Tha seo na neart anns a' churraicealam. Bidh iad a' dol an sàs ann an diofar dhreuchdan sgoile is coimhearsnachd, mar eisimpleir, oifigear àrainneachd, manaidsear ciùil, oifigear spòrs agus luchd-sgrùdaidh an raoin-chluiche. Tha farsaingeachd de chothroman ceannardais luachmhor aca ann an comataidhean le fòcas air còraichean chloinne, seasmhachd agus comhairle nan sgoilearan.

Air feadh na sgoile, bidh clann a' cur an cuid ionnsachaidh agus sgilean an gnìomh gu math ann am measgachadh de shuidheachaidhean, mar eisimpleir ann an iomairt. Tha e a' còrdadh ris a' chloinn gu bheil iad air am 'fastadh' leis an sgoil. Togaidh iad sgilean ann an ionmhas le bhith ag obair le buidseatan gus goireasan a cheannach dhan sgoil.

Gheibh a' chlann san aonad ro-chòig buannachd bho eadar-obrachaidhean de dheagh chàileachd a tha air an deagh phlanadh. Tha an seòmar-cluiche aca tarraingeach agus tha e a' brosnachadh cruthachalachd, feòrachas agus neo-eisimeileachd. Bidh clann a' dol an sàs glè mhath ann an cluich agus bidh iad a' rannsachadh an àrainneachd. Bidh cleachdaichean a' cumail sùil air cluich agus a' gabhail pàirt ann gu faiceallach le ceistean agus beachdan de dh'àrd-chàileachd. Bidh iad a' freagairt gu math ri ùidhean na cloinne.

Àrdaich coileanadh na cloinne anns gach taobh de dh'ionnsachadh.

Chaidh coileanadh na cloinne uile àrdachadh ann an cuid de thaobhan, ach tha beàrnan fhathast ann an coileanadh.

Air feadh na sgoile, tha an ceannard a' cumail sùil mhionaideach air adhartas agus coileanadh na cloinne air fad. Bidh còmhraidhean ann eadar tidsearan agus clann airson clann a chuideachadh gus tuigsinn dè na h-ath cheumannan ionnsachaidh a bhios aca. Tha seo aig ìre thràth. Tha cleachdaichean san aonad ro-còig nas soilleire mu adhartas chloinne tro bhith a' coimhead nas gèire air ionnsachadh agus adhartas chloinne ann an litearrachd

agus àireamhachd.

Ann am Foghlam Meadhan Beurla, tha a' mhòr-chuid de chloinn a' dèanamh adhartas iomchaidh ann an litearrachd agus Beurla. Bha beagan chloinne a' dol thairis air na h-ìrean ris an robh dùil ann an CfE. Tro dhiofar ìrean, bidh clann a' leughadh gu math agus ag aithneachadh prìomh fheartan ann an teacsaichean ficsein agus neo-fhicsean. Bu chòir barrachd chloinne an cuid sgrìobhaidh a thoirt air adhart gus na h-ìrean ris a bheilear an dùil a choileanadh. Aig an dàrna ìre, bidh clann a' bruidhinn gu h-èifeachdach agus a' freagairt cheistean gu math. Bidh clann a' sgrìobhadh gu math ann an co-theacsan eadar-dhealaichte bho dhàin gu sgeulachdan. Chan eil clann ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig fhathast aig an ìre gus measaidhean a dhèanamh ann an litearrachd agus Beurla. Tha seo a rèir comhairle nàiseanta airson sgoiltean bogaidh, aig a bheil clàr sgoile iomlan ann am BS1-4.

Thairis air an sgoil air fad, tha a' mhòr-chuid de chloinn a' dèanamh adhartas iomchaidh ann an àireamhachd agus matamataig. Tha clann a tha a' dèanamh fìor mhath san dàrna ìre de CfE a' tòiseachadh ag obair air builean na treas ìre ann an àireamhachd agus matamataig. Bidh clann a' cleachdadh an cuid ionnsachaidh agus sgilean ann am measgachadh de cho-theacsan, mar eisimpleir iomairt agus tachartasan.

Tha coileanadh na cloinne ann an litearrachd is Gàidhlig a' dol am feabhas. Aig an ìre thràith, bidh clann a' cleachdadh na Gàidhlig gus conaltradh gu sòisealta, gus stiùireadh a leantainn agus gus fiosrachadh pearsanta a thoirt seachad. Tha clann air am brosnachadh gus ceistean a fhreagairt le gràmar nas fheàrr. Tha seo fhathast na raon airson leasachadh Anns an ìre thràith agus sa chiad ìre, tha fòcas soilleir aig clann air a bhith ag ionnsachadh fuaimean litrichean sa Ghàidhlig gus beàrnan ann an leughadh a lùghdachadh. Feumaidh clann fhathast na sgilean aca a thaobh fuaimneachadh fhaclan a leasachadh barrachd. Ro dheireadh na ciad ìre, bidh clann a' sgrìobhadh pharagrafan goirid ann an suidheachaidhean sìmplidh. Gheibheadh clann buannachd bho bharrachd cuideim air bogadh agus bho chòmhradh gus an cuideachadh gus sgrìobhadh nas neo-eisimeiliche. Feumaidh planadh ionnsachaidh nan thidsearan a bhith nas soilleire a thaobh a bhith a' toirt air adhart leughadh na cloinne sa Ghàidhlig aig astar fada nas luaithe.

Air feadh na sgoile tha a' chlann pròiseil mu na coileanaidhean aca aig Mòdan nàiseanta is ionadail. Tha a' chlann uile sa bhun-sgoil a' gabhail pàirt gu soirbheachail anns a' chòisir.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air adhartas math a dhèanamh bhon chiad sgrùdadh. Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Cuiridh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt den ullachadh aice airson a bhith ag aithris air ìre mathais a cuid sgoiltean.

Joan C. Esson,
Neach-sgrùdaidh an Rìgh